



A' Chraobh mhango



Jamila Gavin • Rhian Nest James

A' Chraobh mhango



An teacs a Jamila Gavin
Dealbhan Rhian Nest James
A' Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill

STÒRLANN • ACAIR



Bha Granaidh air beinge sa ghàrradh.

Choimhead i suas dhan adhar.

“Tha a’ ghrìan coltach ri mango mòr buidhe,”
thuirt i ri Amina.



“An robh mangothan agaibh ann am Pakistan?”
thuirt Amina.

“Bha,” arsa Granaidh.

“Nach e craobh mhango a bhiodh math?”



Ruith Amina gu Seannair.

“A bheil craobh mhango agaibh?” thuir i.

“Chan eil, chan eil craobh mhango againn.”
arsa Seannair.


“Ach tha craobh shiristean againn.”



“Tha clach mhango agamsa,” thuirt Ali.

“Cuiridh mi i sa ghàrradh.

An uair sin fàsaidh craobh mhango
agus bidh mangothan aig Granaidh.”



Chuir Ali a' chlach mhango sa ghàrradh.

“Tha mi an dòchas gu fàs craobh mhango,” thuirt Ali.

“Tha mi ag iarraidh craobh mhango.”



Choimhead agus choimhead Ali agus Amina
ach cha do dh'fhàs craobh mhango.

“O, tha mi ag iarraidh craobh mhango
airson Granaidh,” thuirt Ali.



Chaidh Seanair, Ali agus Amina
dhan bhùth.

Choimhead iad airson mangothan.

Bha ùbhlán, peuran agus bananathan ann
ach cha robh mangothan ann.



An uair sin chaidh iad dhan mhargaidh.

“Coimhead,” thuir Amina.

“Tha mangothan an siud.”

Fhuair Seanair poca làn mhangothan.



Chaidh Seanair, Ali agus Amina dhachaigh.
“Cuiridh sinn na mangothan air a’ chraoibh
shiristean,” thuir Seanair.


“Nis tha craobh mhango aig Granaidh,”
thuir Ali agus Amina.



“Granaidh,” dh’èigh Ali.

“Granaidh,” dh’èigh Amina.

“Tha craobh mhango sa ghàrradh.”



Choimhead Granaidh suas air a' chraoibh.
"Nis tha craobh mhango agam,
mar a bha agam ann am Pakistan," thuirt i.